

Fiosrachadh Pearsanta Contact Information

Ainm Name

Misneachd

Ceistean | Questions

1. Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a' Phlana agus air an àrd-amas againn? The structure for the Plan consists of an aim, priority areas and commitments. Do you have any comments on how we have structured the Plan and the overall aim we have selected?

Tha e ceart gu leòr, agus san fharsaingeachd deatamach, a bhith a' bruidhinn air cleachdadh na Gàidhlig ach mura h-eil prìomhachas ga chur air na coimhearsnachdan san t-seagh seo cha bhi sinn soirbheachail. Mar a tha diofar comasan aig gach duine a bhiodh a-riamh a' cantainn gu bheil Gàidhlig aca, tha diofar mòr ann a thaobh cleachdadh na cànan anns na bailtean, na sgoiltean agus anns na coimhearsnachdan nàdarra. Bu chòir gum bi barrachd cuideam ga chur air cleachdadh anns na coimhearsnachdan tradaiseanta gus na coimhearsnachdan sin a dhèanamh nas làidire.

2. Tha sinn dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh ìomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo? We believe that the promotion of a positive image for Gaelic is essential and we think that the areas above are the key areas that can make a contribution to this. Do you have any comments on the areas we have selected or alternative suggestions?

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil e nas tarraingiche do dhaoine ma bhios deagh ìomhaigh aig a' Ghàidhlig agus nach bi sinn a' toirt duine sam bith a-steach mura h-eil sin ann, ach tha cunnart ann cuideachd. Aig an ìre-sa, chanainn gu bheil luchd poileataigs agus an leithid, a' faicinn an ìomhaigh sin agus a' smaointinn gu bheil an obair aca dèanta agus chan ann ri dhèanamh ach feitheamh gus am bi ginealach ùr a' tighinn suas aig a bheil an cànan. Chanainn gu bheil somaltachd, no complacency, ann agus nach eil daoine mothachail air an t-suidheachadh is cho cugallach 's a tha cuisean, gu h-àraid anns na coimhearsnachdan tradaiseanta. Tha sinn a' cur na h-uimhire de chuideam air na h-àireamhan 's nach eil sinn tuigseach no mothachail air comas no cleachdadh. Tha iad a' cur na ceiste sin ann an cunntas-sluaigh na h-Èireann a thaobh comas agus cleachdadh agus às aonais an eòlais seo chan urrainn dhuinn tomhais ceart a dhèanamh air an t-suidheachadh idir.

3. Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig? We believe education and Gaelic learning are central to this Plan. We have also listed the priority areas that we believe should be a focus for ongoing activity. Do you have any comments on this emphasis and on the priority areas selected for learning Gaelic?

A thaobh foghlam chanainn gum bu chòir gum bi barrachd cuideam ga chur air inbhich. Tha na h-àireamhan anns na sgoiltean a sior-dhol suas ach dè seòrsa comas a bhios aig na sgoilearan sin mura h-eil iad a' cleachdadh Gàidhlig taobh a-muigh na sgoiltean? Tha e cumanta ann an Glaschu co-dhiù a bhith a' cluinntinn daoine a' gearan mu na sgoiltean anns na h-àitichean taobh an ear den bhaile mar Dennistoun no sa' taobh a deas agus le sin gun cuir iad an cuid clann gu Sgoil Gàidhlig Glaschu. Tha fios aig daoine gur e deagh fhoghlam a gheibh thu aig sgoiltean Gàidhlig, tha fios aca cuideachd gur e rud math a th' ann a bhith dà-chànanach ach chan eil fianais sam bith gun cum iad orra ga bruidhinn, no gu bheil comas gu leòr aca sin a dhèanamh. Ma smaoinichas mi air a' chomas a bha agam sa' Bheurla às dèidh bun sgoil no fiù 's àrd sgoil fhàgail, fhuair mise torr a bharrachd gràmar agus riaghailtean agus comasan agus briathrachas bhon oilthigh na a fhuair mi aig àrd sgoil. 'S e rud eadar-dhealaichte a th' ann clasaichean a thuigsinn sa Gàidhlig seach còmhraidhean pearsanta agus sòisealta a chumail agus le sin an cànan a cleachdadh gu làitheil. Ma tha sinn a' cur beagan a bharrachd cuideam air inbhich tha sin a' cruthachadh dachaighean a bhiodh comasach clann a thogail tro mheadhan a chànan, agus lionradh a bhiodh deònach 's dòcha gu bruidhinn gu nàdarra.

4. Tha sinn dhen bheachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdaidh na Gàidhlig? We believe the areas selected are important for promoting the increased use of Gaelic. Do you have any comments or suggestions you would like to make in relation to promoting the increased use of Gaelic?

Feumaidh sinn barrachd a dhèanamh gus a' cur air companaidhean prìobhaideach Gàidhlig a chleachdadh agus obraichean a chruthachadh a bhiodh a' toirt cothroman do dhaoine an cànan a chleachdadh air na h-eileanan agus na Gàidhealtachd gu h-àraid. Leis an sporan phoblach gann, 's ann air companaidhean prìobhaideach a th' againn ri choimhead airson adhartas a dhèanamh a thaobh inbhe na Gàidhlig gu nàiseanta. Tha dleastanas sònraichte air companaidhean mòra uisge-beatha, a tha a' malart air dualchas na Gàidhlig, an oighreachd seo a chomharrachadh. Bidh thu a' faicinn eisimpleirean de chompanaidhean a tha air a bhith a' dèanamh oidhirp gun dragh sam bith, Homebase m.e. ach carson a tha sin cho annasach, 's ann a tha dà-chànanas an suidheachadh àbhaisteach gu h-eadar-nàiseanta agus bu chòir gum bi companaidhean mòra cleachdte ri soidhnichean is an leithid a chur suas gu dà-chànanach. Bu chòir gum bi VisitScotland a' dèanamh sgrùdadh mionaideach air gnìomhachas turasachd gu h-eadar-nàiseanta gus na buannachdan a tha an lùib cultar dà-chànanach a thaisbeanadh.

5. Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sin agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum? In questions 2, 3 and 4, you were asked about your views on the priority areas identified. In this question, we would like to hear any views or suggestions you may have on the key commitments we have identified and views on any key commitments you think should be included in order to make progress with the aim of increasing the number of people speaking, using and learning Gaelic in Scotland and the number of situations in which it is used?

Tha torr a bharrachd goireasan ann 's ann latha an diugh airson daoine a tha dìreach a' tòiseachadh air Gàidhlig a dh'ionnsachadh, 's e rud math a tha sin, ach chan eil idir gu leòr ann a thaobh cùrsaichean, goireasan no cothroman do dhaoine a tha air ìre mhath de Ghàidhlig a ruigsinn. Chan eil aobharan gu leòr ann a bhith ga cleachdadh, tha Beurla anns a h-uile suidheachadh, fo-thiotalan air BBC Alba, cus Beurla air na h-àrd-ùrlaran aig cuirmean-ciùil cuideachd. Tha buidhnean a' faighinn airgead Gàidhlig airson ealain Ghàidhlig a thaisbeanadh ach tha a mhòr-chuid den stuth aca, 's ann anns a Bheurla a bhios e. Ma tha daoine a' cleachdadh airgead Gàidhlig bu chòir gum bi, a mhòr-chuid co-dhiù, na tachartasan aca ann an Gàidhlig.

6. Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingean eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal. The earlier consultation questions have been fairly specific. If there are any other points you would like to make and feel you have not had the opportunity to do so, please write them below.

Bu chòir gum bi sinn nas mothachaile air na duilgheadasan againn seachd a' cumail a-mach gu bheil a h-uile rud rèidh. Tha fios againn nach ann air a bhith a' gearan no a' strì a tha obair a' Bhùird bunaichte agus gu bheil sibh a' feuchainn ri deagh ìomhaigh a bhrosnachadh ach feumaidh 's gum bi fios aig an Rìaghaltais is eile gur ann ann an staid èigneach a th' annainn fhathast, fiù 's mura h-eil sinn a' sgaoileadh an teachdaireachd sin gu poblach.